

AN CREANAICHE BRIATHRACHAS

FILEANTA

NÀISEANTA 4 & 5



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

RO-RÀDH

| | |
|----------------|---------------------------------|
| seachnadh | fuireach air falbh bho rud |
| mean air mhean | beag air bheag |
| gràisg | buidheann de dhaoine cunnartach |
| bannan | ceanglaichean |
| deimhinne | cinnteach |

CAIBIDEIL 1

Duilleag 1

| | |
|---------------------|--|
| tuiteamas | rud sònraichte a thachras gun phlanadh ro-làimh |
| an làthair | ann an àite nuair a thachair rudeigin |
| geamhradail | fuair, mar a bhiodh anns a' gheamhradh |
| an impis | dìreach a' dol a dhèanamh rudeigin |
| cairt-ghnìomhachais | cairt le seòladh agus mion-fhiosrachadh eile mu neach no mu ghnìomhachas |

Duilleag 2

| | |
|------------------|---|
| thug mi an aire | mhothaich mi, ghlac rudeigin mo shùil |
| ban-shìthiche | creutair boireann os-nàdarra le cumhachdan draoidheil, ann an sgeulachd |
| a' comharrachadh | a' toirt aire cuideigin gu rud le bhith a' coimhead air no ga shealltainn le corrag |
| smid | facal, fuaim sam bith |
| aghaidh | aig toiseach leabhair, an taobh a-muigh den chòmhdach |
| mac-meanmna | far an cruthaich thu dealbhan is stòiridhean nad inntinn |
| gu dlùth | gu faisg, gun do shùilean a ghluasad |
| leannan | neach air a bheil neach eile a' suirghe, bràmair |

CAIBIDEIL 1

Duilleag 3

| | |
|------------------------------|--|
| a' cruthachadh | a' dèanamh suas |
| gur e sin as coireach | gur e siud an t-adhbhar |
| osna | fuaim a nì thu nuair a leigeas tu a-mach d' anail |
| craobhan loma | craobhan gun dhuilleagan |
| ùrachadh | a thòiseachadh a-rithist |
| clisgeadh | eagal no iongnadh a bhith a' toirt ort gluasad obann a dhèanamh, air an taobh a-staigh no an taobh a-muigh |
| rabhadh | fios mu rud a tha ri tighinn, glè thric droch rud |
| cairt-ghnìomhachais | cairt le seòladh agus mion-fhiosrachadh eile mu neach no mu ghnìomhachas |

Duilleag 4

| | |
|-------------------------|---|
| rùraich | coimhead airson rud am measg rudan eile, gu neo-chùramach |
| gabhail os-làimh | tòiseachadh, aontachadh a dhèanamh |
| gu dìomhaireach | ann an dòigh a tha a' cumail rud am falach, gun a bhith ag innse a h-uile rud |
| a' sireadh | ag iarraidh rudeigin |
| norrag | cadal beag |
| dubhach | brònach |

Duilleag 5

| | |
|--------------------|--|
| uallach | rud a tha a' dèanamh dragh dhut |
| ceann-uidhe | deireadh turais, far am bi bus no trèan a' trìochnachadh |

CAIBIDEIL 2

Duilleag 6

fras-pheilearan mòran chnapan beaga meatailt a loisgeas gunna

Duilleag 7

smachd an comas rud a stiùireadh, a làimhseachadh mar a thogras tu

a' cuartachadh a' dol timcheall

taic cuideachadh

na thost sàmhach

dìomhair gun a bhith air innse

dol-a-mach rud a tha cuideigin ris

fear-brathaidh neach a bheir fiosrachadh dìomhair do nàmhaid

òinseach boireannach gòrach

Duilleag 8

rug i air làimh orm ghabh i grèim air mo làimh, a' cur fàilte orm

meilleag an cumadh a th' air bilean nuair a tha iad air am putadh a-mach

fad-às gun a bhith faisg, gun a bhith dlùth do dhaoine eile

ma dh'fhaoidte 's dòcha

lachan fuaim mòr a nì thu nuair a tha thu a' gaireachdainn

troimh-a-chèile draghail; iomagaineach

fianais cunntas air rudan a chunnaic thu a' tachairt

CAIBIDEIL 2

Duilleag 9

| | |
|--------------------|--|
| cac | biadh caithte a thig às do bhodhaig trod mhàs |
| tom feurach | cnoc beag air a bheil feur a' fàs |
| leigheas | cùram meidigeach |
| aillse | tinneas dona sam bi cuid de cheallan sa bhodhaig ag atharrachadh, tric le bhith a' fàs gu luath agus ag adhbhrachadh chnapan |
| brochan | staid sa bheil rudan air an cur am measg a chèile; lite |
| stèidhichte | air a thogail air bunait, air a bhonntachadh |
| agallamhan | coinneamhan gus ceistean a chur air cuspair sònraichte |

CAIBIDEIL 3

Duilleag 11

| | |
|---------------------------|--|
| gleansach | deàlrach |
| luchd-frithealaidh | daoine a' bhios a' toirt thugad do bhiadh ann an taigh-bìdh |
| diùid | draghail mu bhith a' bruidhinn ri daoine, gu sònraichte daoine às ùr |

Duilleag 12

| | |
|--------------------------------|---|
| 's iongantach mura robh | tha e coltach gun robh |
| eireachdail | brèagha |
| fèilidhean | aodach traidiseanta Albannach do fhìreannaich |
| mnathan caomha | boireannaich laghach, chòir |
| easan | sruthan uisge a' tuiteam far creig |
| iarmailt | speuran, adhar |
| ìomhaigh | dealbh |
| fuasgladh | freagairt (don cheist Cò rinn e?) |
| a' sùghadh an lionna às | a' deoghail air gus an deoch a thoirt suas gu a bheul |
| cruadal | rudan cruaidh a chaidh fhulang |

CAIBIDEIL 3

Duilleag 13

| | |
|--------------------|---|
| far-ainm | ainm a chaidh a thoirt do dhuine an àite an ainm aige fhèin |
| b' fheudar | dh'fheumadh, bha aig cuideigin ri rudeigin a dhèanamh |
| ùghdarrasan | buidhnean no daoine a tha nam pàirt de riaghladh dùthcha |
| diteadh | faighinn ciontach |
| crochadh | cur gu bàs le ròpa mun amhaich, 's an ròpa ceangailte ri croich |
| ciontach | as coireach, a rinn rud ceàrr |
| borb | brùideil, fiadhaich |
| caismeachd | buidheann dhaoine a' coiseachd còmhla gus fianais a thogail |

Duilleag 14

| | |
|----------------------|---|
| a' dèiligeadh | a' gabhail gnothach ri |
| suarach | gun luach mòr sam bith |
| an t-sitig | càrn de sgudal daoine no de dh'inneir beathaich |
| air muin-eich | a' suidhe air each |
| gu h-obann | gun rabhadh agus gu luath |
| corra uair | an dràsta 's a-rithist |
| peilear | cnap beag meatailt a loisgeas gunna |

CAIBIDEIL 4

Duilleag 15

| | |
|-------------------|---------------------------|
| amharasach | mì-chinnteach à cuideigin |
|-------------------|---------------------------|

Duilleag 16

| | |
|-------------------|---|
| ciontach | as coireach/ a rinn rud ceàrr |
| fulang | faireachdainn pian no bròn, no droch làimhseachadh ann an suidheachadh sònraichte |
| creanaiche | neach a tha a' fulang |
| malaichean | loidhnichean fuilte a tha a' fàs os cionn nan sùilean |

CAIBIDEIL 4

Duilleag 17

| | |
|--------------------------|---|
| sàthadh | rud geur ga stobadh ann an cuideigin |
| dreuchd | obair |
| diomhaireachd | suidheachadh far nach eil fios aig daoine eile mu dheidhinn |
| nàdar | seòrsa |
| lòn | biadh a dh'itheas tu ann am meadhan an latha |
| cuirm-chnuic | biadh a dh'itheas tu air cuairt a-muigh |
| a' frith-bhualadh | a' toirt buille le rud ann an dòigh a nì fuaim |

CAIBIDEIL 5

Duilleag 19

| | |
|-------------------------|--|
| aideachadh | innse dè dha-rìribh a tha thu ris, an dèidh a bhith ga chumail am falach |
| dlùth-charaidean | deagh charaidean air a bheil thu faisg |
| gàirdeachas | toileachas mòr |
| mac-an-aba | a' chorrach air am bi fàinne-pòsaidh |
| na uchd | anns a' bhroilleach aige |

Duilleag 20

| | |
|-------------------|---|
| maitheanas | ma bheir thu maitheanas do neach, sguiridh tu a bhith feargach ris airson na rinn e |
| eala | eun mòr, mar as trice geal, le amhaich fhada a chithear air aibhnichean is lochan |
| sgaoileadh | cur air feadh an àite |

Duilleag 21

| | |
|-------------------|---|
| earbsa | faireachdainn gu bheil cuideigin onarach, gun urrainn dhut a chreidsinn |
| ag aithris | a' toirt cunntas air rud |
| a' dìon | a' cumail rud sàbhailte bho chunnart |
| tuiltean | tòrr uisge a' tighinn aig an aon àm do dh'àite |

CAIBIDEIL 5

Duilleag 22

| | |
|-------------------|--|
| eadhon | fiù 's |
| luchd-dìon | daoine a bhios a' cumail cuideigin eile sàbhailte nuair a tha e ann an cunnart |

CAIBIDEIL 6

Duilleag 23

| | |
|----------------------------|--|
| rabhadh | fios mu rud cunnartach a tha a' dol a thachairt |
| eucoir | gnìomh a bhriseas an lagh |
| an ugannan a chèile | dithis no dà bhuidheann a' strì ri chèile |
| àrd-stiùiriche | ceannard a tha os cionn gach ceannard eile |
| a chèile | an neach aig a bheil fireannach no boireannach pòsta |
| air bhioran | fadachd a bhith ort gun cluinn thu naidheachd |
| taobh an uilc | pàirt de chuideigin a tha olc, dona, a nì cron |

Duilleag 24

| | |
|------------------|--|
| a' giùlan | a' cumail rud air do bhodhaig, deiseil gus a chleachdadh |
| ag amas | a' cuimseachadh air targaid, deiseil gus peilear a losgadh |
| gnothach | cùis, rud àraidh |
| aillse | tinneas dona sam bi cuid de cheallan sa bhodhaig ag atharrachadh, tric le bhith a' fàs gu luath agus ag adhbhrachadh chnapan |
| tràillean | daoine a dh'fheumas obair a dhèanamh do dhaoine eile gun phàigheadh agus nach faod an obair fhàgail |

Duilleag 25

| | |
|--------------------------------|--|
| làimhsichear | cuideigin a bhios a' stiùireadh neach poilitigeach no fear-brathaidh, a' cumail fiosrachadh ris |
| An t-Aonadh Sòibhiatach | Buidheann de phoblachdan sòisealta ann an Àisia a bhris às a chèile ann an 1991, san sgìre sa bheil an Ruis an-diugh |
| brathadair | neach a tha a' dèanamh cron air an dùthaich aige fhèin le bhith ag obair na h-aghaidh, a' cuideachadh nàmhaid |
| gealtair | neach air am bi eagal agus a theicheas bho chunnart |
| chruthaich | rinn |

CAIBIDEIL 6

Duilleag 26

| | |
|--------------------|--|
| dubh-ghràin | faireachdainn fìor làidir nach toigh leat cuideigin, fuath mòr |
| iolra | barrachd air aonan |
| gaoir | crith a thig nad bhodhaig air sgàth rud eagalach no mosach |

CAIBIDEIL 7

Duilleag 27

| | |
|--------------------|--|
| gaisgeach | duine a tha air rud calma no sàr mhath a dhèanamh |
| mì-rian | suidheachadh far nach eil rudan ann an òrdugh |
| fòirneart | dol a-mach a tha borb agus ag amas air daoine a ghoirteachadh no a mharbhadh |
| eu-dòchas | faireachdainn nach eil dad a tha thu ag iarraidh a' dol a thachairt |
| bròinean | duine truagh |
| mì-chneasta | nach eil còir no coibhneil no modhail |
| dileas | a tha a' cumail a' toirt spèis do neach no do bheachd |
| cumhachd | ùghdarras no smachd air daoine eile |

CAIBIDEIL 7

Duilleag 28

| | |
|--------------------------|---|
| feartan | nithean a tha sònraichte mu rud, no neach, no àite |
| deamhnaidh | uabhasach dona |
| gràin-cinnidh | droch bheachd a th' agad air cuideigin air sgàth 's cò às a tha e |
| còirichean | ceartas, dèiligeadh co-ionann fon lagh |
| mallachd | iarrtas no guidhe gun tachair rudeigin dona do chuideigin |
| spèis | urram, meas |
| misneachd | faireachdainn gu bheil thu cinnteach asad fhèin agus às na tha thu a' dèanamh |
| creideas | earbsa, faireachdainn gun urrainn dhut cuideigin a chreidsinn |
| maireachdainn beò | fuireach beò, gun a bhith air do mharbhadh |
| smachd | làmh-an-uachdair, stiùir |
| sgleog | buille le làmh fhosgailte |
| bus | beul |
| an impis | dìreach a' dol a dhèanamh rud |

Duilleag 29

| | |
|------------------------------------|--|
| armachd | gunnaichean is innealan eile a thèid a chleachdadh ann an cogadh |
| ag ionndrainn | a' caoidh nach eil thu far am b' àbhaist dhut a bhith |
| co-fhaireachdainn | tuigse air mar a tha cuideigin eile a' faireachdainn |
| tiotan | ùine glè bheag |
| leig mi m' fhoghlam seachad | sguir mi dem ionnsachadh ann an sgoil, colaiste |

CAIBIDEIL 7

Duilleag 30

| | |
|-------------------------------|---|
| diabhal nan diabhal | abairt a tha a' cur cuideam air cho dona 's a bha rud |
| lùths | neart a th' annad airson rud a dhèanamh |
| rian | òrdugh |
| measail | ma tha thu measail air rud, tha e a' còrdadh riut |
| dualchas | cleachdaidhean agus feartan a thàinig a-nuas tro na ginealaichean |
| a' suirghe | a' falbh còmhla ri bràmair no leannan |
| leig mi soraidh le ... | dh'fhàg mi beannachd aig..., /thuirt mi tìoraidh ri... |

Duilleag 31

| | |
|-----------------------|--|
| stèidhichte | air an suidheachadh, a' gabhail àite |
| sgoinn | cabhag |
| cinneadh | sloinneadh, ainm deireannach |
| bannan | ceanglaichean |
| soirbheachail | air dèanamh gu math |
| mean air mhean | beag air bheag |
| gleans | oidhirp a bharrachd gus rud a dhèanamh sàr mhath |
| dìg | clais a chumas uisge |
| cladh | àite far a bheil daoine marbh air an tiodhlacadh |

CAIBIDEIL 7

Duilleag 32

| | |
|----------------------------|---|
| a' chiad dol a-mach | an toiseach |
| iomallach | fad air falbh bho àiteachan eile |
| na tàrmachain | eòin coltach ri cearcan-fraoich a chithear a-mhàin ann an Gàidhealtachd na h-Alba |
| bleoghann | an rud a nì thu gus bainne fhaighinn bho ùth bà |
| rùsgadh | gearradh clòimh far caora le deamhais, bearradh |
| buain na mònach | mòine a ghearradh no a chladhach às a' mhòintich |
| spealadh an fheòir | feur a ghearradh le inneal-làimhe air a bheil lann fhada, cham |
| cainnt | an labhairt no an sgrìobhadh aig cuideigin |
| follaiseach | gu math soilleir |
| sàrachadh | a bhith a' fàgail cuideigin sgìth no a' cur dragh air |

Duilleag 33

| | |
|-------------------|---|
| dol-às | cothrom air rud a sheachnadh |
| a' sireadh | a' lorg, a' coimhead airson rudeigin |
| cobhair | cuideachadh do chuideigin a tha ann an èiginn |
| borb | brùideil, fiadhaich |

CAIBIDEIL 8

Duilleag 34

| | |
|----------------------|-----------------------------------|
| làrach | an t-àite anns an do thachair rud |
| ann an staing | ann an suidheachadh fìor dhoirbh |
| aithnichte | soilleir, follaiseach |

CAIBIDEIL 8

Duilleag 35

| | |
|----------------------|---|
| cliathaich | taobh |
| deiseachan | èididhean, aodach sònraichte |
| droch iseanan | daoine a bhios a' dèanamh rudan dona |
| coirbte | nach eil onarach, a dh'innseas breugan ma gheibh iad airgead air a shon |
| oisean-obrach | àite fa leth do aon neach ann an oifis, far an dèan e obair |

Duilleag 36

| | |
|---------------------|--|
| fallas | lìonn a thig tro phòran do chraicinn, nuair a bhios tu teth, no ann an èiginn |
| tuarastal | pàigheadh |
| oighreachd | a h-uile rud a tha aig neach nuair a bhàsaicheas e no i |
| siosarnaich | fuaim mar an litir s, mar a nì nathair |
| nimheil | gun a bhith còir idir, gu math neo-choibhneil |
| a' rùrachadh | a' coimhead airson rud am measg rudan eile le bhith gan gluasad gu neo-chùramach |
| tèarainte | sàbhailte |

Duilleag 37

| | |
|--------------------------|--|
| a' mionnachadh | ag ràdh rudan mì-mhodhail |
| màileid | baga anns an cuir thu aodach is eile nuair a tha thu a' dol gu àite eile |
| gruag | falt brèige a chuireas tu air do cheann |
| dh'èalaich | ghluais gu socair, sàmhach, gun fhiosta do dhaoine eile |
| ghreimich | ghabh grèim air |
| fianais | fiosrachadh a th' agad a bheir thu seachad ann an cùirt lagha |
| stuth-spreadhaidh | na tha am broinn bom agus a' toirt air sgàineadh le fuaim àrd |
| cùis-chùirte | gnothach no cùis-lagha a tha air a thoirt air beulaibh briteamh ann an cùirt |
| Taing do Shealbh | rud a chanas tu nuair a tha thu taingeil airson mar a tha cùisean, 's tu a' faighinn faothachadh |

CAIBIDEIL 8

Duilleag 38

| | |
|-------------------|---|
| chaochail | bhàsaich |
| airidh | nuair a tha thu airidh air rud, tha e iomchaidh gum faigh thu e |
| sìon | dad, càil |
| an lionadh | an làn a-tighinn a-steach |

CAIBIDEIL 9

Duilleag 39

| | |
|--------------------------|--|
| amharasach | mì chinnteach à cuideigin |
| fianais | rud a dhearbhas gu bheil na tha neach ag ràdh fìor |
| do-chreidsinneach | nach gabh a chreidsinn |
| nàimhdean | daoine a tha nad aghaidh agus airson cron a dhèanamh ort |
| dearbhadh | rud a sheallas gu bheil na tha thu ag ràdh fìrinneach |

Duilleag 40

| | |
|------------------------|--|
| grunn | àireamh nach eil ro mhòr, ach barrachd air aonan |
| carragh-cuimhne | clach mhòr air a cur suas gus cuimhne a chumail air neach no air daoine nach eil beò |
| fèath | sìde chiùin nuair nach eil gaoth ann |
| tomannan | cnuic bheaga |
| feurach | air a bheil feur a' fàs |
| breac | còmhdach le spotan beaga |
| sòbhragan | flùraichean beaga buidhe den ghnè Primula |
| neoichiontach | gun a bhith ciontach, nach do rinn rud a chaidh a chur às a leth |
| ciont | droch fhaireachdainn air sgàth 's gu bheil thu air rud ceàrr a dhèanamh |

CAIBIDEIL 9

Duilleag 41

| | |
|-------------------------|--|
| craobh-dhurcain | craobh shìor uaine le duilleagan mar snàthadan agus measan air chumadh còn |
| a' caitheamh | a' cleachdadh rud ann an dòigh nach dèan am feum as fheàrr dheth |
| mì-fhoighidneach | gun fhoighidinn a bhith agad |
| gnùis | aodann, dreach |

Duilleag 42

| | |
|----------------------------|---|
| co-fheall | plota, grunn dhaoine ag obrachadh còmhla gus rud ceàrr a dhèanamh |
| foill | mealladh a nì thu air daoine air adhbharan poilitigeach no eucorach |
| dubhar | leth-sholas air sgàth sgàilean eadar àite agus a' ghrian |
| còmhraidhean | amannan nuair a bha dithis, no barrachd, a' bruidhinn ri chèile |
| seirbheis-brathaidh | roinn de riaghaltas a bhios a' feuchainn ri fiosrachadh dìomhair fhaighinn mu riaghaltas eile |
| tom feurach | cnoc beag air a bheil feur a' fàs |
| rabhadh | fios ro-làimh mu dhroch rud a tha a' dol a thachairt |

Duilleag 43

| | |
|---------------------|--|
| tuil | tòrr de rudeigin, mar as trice uisge, a' tighinn aig an aon àm do dh'àite |
| ceartas | an lagh ga chur an sàs gus faighinn a-mach cò bha air cùl droch rud a thachair |
| dioghaltas | droch rud a thèid a dhèanamh air neach le cuideigin eile mar thoradh air rud a rinn an neach fhèin |
| truas | co-fhaireachdainn, coibhneas |
| air do thòir | às do dhèidh, gad lorg |
| dubh-ghràin | faireachdainn fìor, fìor làidir nach toigh leat neach |
| dubhadh às | cur à bith, faighinn cuidhteas de chuideigin |
| tuarastal | pàigheadh |

CAIBIDEIL 10

Duilleag 44

| | |
|---------------------|----------------------------|
| nach robh sgot agam | nach robh mi ghlic |
| a' dlùthachadh | a' dol nas fhaisge air rud |

Duilleag 45

| | |
|------------------------------|---|
| dh'òrdaich | thug seachad an t-òrdugh airson rud tachairt |
| riaghladair | neach a tha a' riaghladh stàit no dùthaich no eile |
| bleigeardan | droch dhaoine |
| luchd-amhairc | daoine a tha an làthair gus cuirm no dealbh-chluich fhaicinn |
| a' càineadh | a' cur sìos air neach no air daoine |
| far-ainmean | ainmean a chaidh a thoirt do dhaoine an àite nan ainmean aca fhèin |
| sloinnidhean | gu traidiseanta, ainm a bhiodh air neach air a dhèanamh suas à ainmean nan sinnsirean aige no aice |
| oifigeil | aithnichte leis an riaghaltais, na h-ùghdarrasan |
| an ceòl air feadh na fìdhle- | ùpraid air a h-adhbharachadh le rud sònraichte a bhith a' tachairt |
| sgaoileadh | cur air feadh an àite |
| leigheas | cùram meidigeach a nì thu slàn a-rithist |
| cogais | am pàirt dhìot a dh'innseas dhut dè tha ceart agus ceàrr, agus dè bu chòir dhut a dhèanamh le ceartas ann an suidheachadh |
| falamhachadh | dèanamh falamh, gun dad ann |
| tomhas | measadh, smaoinichadh air |
| àrachas | dòigh air dìon a chur ort, gun fhios nach bi tubaist ann |

CAIBIDEIL 10

Duilleag 46

| | |
|------------------------------|--|
| dìon | cumail sàbhailte |
| oidhirp | feuchainn ri rud a dhèanamh |
| a' maoidheadh | ag ràdh gun dèanadh e droch rud ort mura dèanadh tusa na bha e ag iarraidh |
| dìomhair | gun fios aig daone mu dheidhinn |
| eadar clach is sgrath | tha an dàrna roghainn cho dona ris an roghainn eile |
| ceann-litrichean | litrichean mòra |
| fròg | cùil bheag nach eil follaiseach don t-sùil |

Duilleag 47

| | |
|------------------------|--|
| seòmar-ionnlaid | an rùm anns a bheil toidhleat agus amar |
| smàl | ann am pìosan beaga an dèidh a bhith air a losgadh |
| lìinig | an t-aodach air an taobh a-staigh de sheacaid |
| saorsa | staid sa bheil thu saor |
| cumhachdach | làidir, aig a bheil mòran cumhachd |

Duilleag 48

| | |
|---------------------------------|--|
| fear-brathaidh | neach a bheir fiosrachadh dìomhair do nàmhaid |
| rabhadh | fios no comhairle mu rud cunnartach a tha a' dol a thachairt |
| a dh'aona-ghnothach | le fios dè a' bhuaidh a bhios aig rud |
| an t-Seirbheis Dhìomhair | roinn den riaghaltas a bhios ag obair gu falachaidh |

Duilleag 49

| | |
|-----------------------|--|
| dubh-chàineadh | gearan mòr, mòr a thèid a dhèanamh mud dheidhinn |
| air bhioran | fadachd a bhith ort gun cluinn thu naidheachd no fiosrachadh |
| osna | fuaim a nì thu nuair a leigeas tu a-mach d' anail |

CAIBIDEIL 11

Duilleag 50

| | |
|--------------------|-------------------------------|
| eucoirich | daoine a rinn rud ceàrr |
| aideachadh | gabhail ris gu bheil rud fìor |
| an fhàsag | am pluga |
| geur-amharc | coimhead gu dlùth |

Duilleag 51

| | |
|----------------------|--|
| buannachd | feum, cuideachadh, prothaid |
| sgaoth | àireamh mhòr de mheanbh-bhiastagan no eòin |
| dearcagan | measan fìor bheag a tha mar as trice sùghmhor |
| a' meòrachadh | a' beachdachadh, a' smaoineachadh |
| ìomhaighean | dealbhan |
| geug | am pàirt de chraobh a tha a' fàs a-mach on stoc, meanglan |
| farmad | droch fhaireachdann a th' agad nuair a tha thu ag iarraidh nì a tha aig neach eile |
| gràin | faireachdainn làidir nach toigh leat cuideigin, fuath |
| fianais | fiosrachadh a sheallas gu bheil an rud a tha thu ag ràdh fìor |

Duilleag 52

| | |
|---------------------------|--|
| dlùth | faisg |
| crudha | lùb iarainn air chumadh 'U' air a cur air ladhar eich le tarragan gus a dhìon |
| sgar | dealaich, bris bho chèile |
| an Seanadh | pàirt de shiostam riaghlaidh nan Stàitean Aonaichte, mar phàirt de phàrlamaid |
| duilgheadas | rud a tha doirbh, a' dèanamh dragh dhut |
| a' dìon | a' cumail cuideigin eile sàbhailte |
| ceannard na Stàite | am fear a tha a' riaghladh anns an stàit |
| cuislean | tiùban nad bhodhaig tro bheil d' fhuil a' ruith |
| ealachan | eòin mhòra, mar as trice geal, le amhaich fhada a chithear air aibhnichean is lochan |
| gnòst | fuaim mar a nì muc |

CAIBIDEIL 12

Duilleag 53

| | |
|-------------------------------|--|
| trustar | duine a nì droch rudan, duine mosach |
| Còmhdhail | pàirt de shiostam riaghlaidh nan Stàitean Aonaichte, mar phàirt de phàrlamaid |
| còirichean | ceartas, dèiligeadh co-ionann fon lagh |
| a' slànachadh | a' leigheas, a' dèanamh fallain |
| peanas an aithreachais | rud a nì thu gus sealltainn gu bheil thu duilich airson droch rud a rinn thu |
| casaid | droch rud a thèid a chur às leth neach, droch rud a chanas daoine a rinn neach |

Duilleag 54

| | |
|-----------------------|--|
| dh'fhuiling | bha aca ri cur suas ri suidheachadh |
| dubh-chàineadh | daoine a bhith a' cur sìos gu mòr orra, a' gearan gu làidir nan aghaidh |
| bagairtean | rabhaidhean gun deigheadh cron a dhèanamh orra, maoidheadh |
| àrd-urrachan | na daoine as cumhachdaiche, as beartiche, as àirde dreuchd |
| ulbhag | clach mhòr |
| cumhachdach | aig a bheil cumhachd, ùghdarras |
| cuidhteas | ma tha thu cuidhteas rud, chan eil e agad tuilleadh agus tha thu toilichte le sin |
| fathannan | rudan a tha mòran dhaoine a' cumail a-mach a tha fìor, co-dhiù a tha no nach eil |
| rèiteach | cur air dòigh, fuasgladh |
| stèidhichte | air a thogail air bunait, air a bhonntachadh |
| mas fhìor | tha seo a' sealltainn nach eil neach a' creidsinn an rud a tha neach eile a' cumail a-mach |

CAIBIDEIL 12

Duilleag 55

| | |
|---------------------|--|
| ciontach | as coireach, a rinn rud ceàrr |
| dhochainn | bhuail, ghoirtich |
| mòr às fhèin | pròiseil, a' saoil sinn cus dheth fhèin |
| gun seagh | nach eil cudromach |
| cliùiteach | ainmeil, aig a bheil cliù mhòr am measg dhaoine eile |
| buadhan | feartan aig neach, rudan a nochdas an seòrsa neach a th' ann |
| doille | an staid sa bheil neach aig nach eil comas faicinn, a tha dall |
| bàidheil | coibhneil, còir |

Duilleag 56

| | |
|---------------------|--|
| na thost | staid anns nach eil thu ag ràdh smid |
| gu sìorraidh | gu bràth |
| cùis | gnothach, ceist a tha ga rannsachadh |
| spreadh | sgàin, chuir às a chèile |
| eireachdail | brèagha |
| sanas | fios mu thachartas no eile, a nochdas ann am pàipear-naidheachd, air postair no eile, gus fios a thoirt do dhaoine |

Duilleag 57

| | |
|-------------------|-----------------------------------|
| bunaiteach | aig ìre ìosal |
| gaisgeach | neach a tha treun, gaisgeil |
| Bàillidh | neach-rianachd air oighreachd |
| Iarla | duine-uasal cudromach Breatannach |

CAIBIDEIL 12

Duilleag 58

| | |
|-----------------------------|---|
| cruthachadh | dèanamh suas |
| sàrachadh | dèanamh sgìth le rud |
| gloinne-mheudachaidh | inneal le glainne shònraichte a nì sgrìobhadh is eile nas motha nuair a choimheadas tu tromhe |
| mac-meanmnach | beò a-mhàin ann an inntinn neach, gun a bhith dha-rìribh ann |
| srann | fuaim a nì cuid de dhaoine nan cadal nuair a tharraingear iad anail |
| a' frith-bhualadh | a' toirt buille le rud ann an dòigh a nì fuaim |
| barail | na tha thu a' smaointinn mu rud, beachd |

Duilleag 59

| | |
|-------------|--------------------------|
| mall | slaodach, nach eil luath |
|-------------|--------------------------|

CAIBIDEIL 13

Duilleag 60

| | |
|--------------------------|--|
| beithir | brag tàirneanaich a thig an cois dealanaich, agus le sin droch rud a thachras gu h-obann, gun dùil ris |
| reifeinn | referendum, nuair a bhios sluagh dùthcha a' bhòtadh air ceist shònraichte |
| neo-eisimeileachd | saorsa |
| iomairt | oidhirp gus rud sònraichte a dhèanamh |

Duilleag 61

| | |
|-----------------------|--|
| teachdaireachd | beachd no teagasg a tha neach airson cur tarsainn gu daoine eile |
| a' buntainn | ma tha rud a' buntainn ri neach, tha gnothach aige ris, tha e co-cheangailte ris |
| cead-siubhail | pàipear oifigeil le dealbh dhìot a dh'fheumas tu gus siubhal gu dùthaich eile |
| dileab | airgead a chaidh fhàgail agad le cuideigin a tha air bàsachadh |

CAIBIDEIL 13

Duilleag 62

| | |
|---------------------|--|
| ùghdarrasan | buidhnean no daoine a tha nam pàirt de riaghladh dùthcha |
| diùid | draghail mu bhith a' bruidhinn ri daoine, gu sònraichte daoine às ùr |
| cailte | air chall, gun fhos agad càit a bheil thu |
| trom-inntinn | staid anns a bheil neach brònach, no fo uallach |
| uachdar | an taobh a-muigh de rud |
| ceasnachadh | cur cheistean, sgrùdadh |
| shuath | ghluais i a h-òrdag tarsainn air a' chorraig eile |

Duilleag 63

| | |
|-------------------------|---|
| a' làimhseachadh | a' togail rud led làimh |
| mì-chàilear | gun a bhith math no snog |
| dilseachd | an ìre dha bheil neach dìleas do neach eile, do bhuidheann no do dhùthaich, a' cumail a' toirt spèis dhaibh |
| gruamach | caran dorcha, gun a bhith ro shoilleir |
| làmh-an-uachdair | smachd |

Duilleag 64

| | |
|-------------------------|--|
| mothachail | fiosrach, a' toirt an aire do rudeigin |
| seanfhalcal | seann abairt a tha a' toirt seachad comhairle no gliocas |
| moladh | daoine ag ràdh mu neach gun do rinn e glè mhath |
| a' soirbheachadh | a' faighinn air adhart gu math |
| an dàn | a rèir cumhachd a tha mas fhìor a' riaghladh na tha a' tachairt dhut |
| tàirneanach | fuaim mòr cruaidh a leanas dealanach |

CAIBIDEIL 13

Duilleag 65

| | |
|-----------------------|--|
| aithris | innse, toirt seachad cunntas air rud |
| frith-rathad | slighe chumhang air am faod thu coiseachd |
| reubadh | sracadh, stialladh |
| muinntir | daoine a bhuineas do dh'àite no do theaghlach sònraichte, sluagh |
| sgalag | searbhant |
| spuirean | inean air spòg beathaich |
| a' piobrachadh | a' brosnachadh neach gus rud a dhèanamh |

Duilleag 66

| | |
|-----------------------|--|
| a' ghràisg | am buidheann de dhaoine cunnartach |
| umhail | gabhail ri òrdugh, cumail ri stiùireadh |
| meas | deagh bheachd a th' agad air neach, gu bheil e math |
| smugaid | an lionn a tha nad bheul, air a thilgeil às do bheul |
| nòisean | ma tha nòisean agad do neach tha thu dèidheil air no oirre, tha an neach tarraingeach dhut |
| a' mionnachadh | ag ràdh rudan mì-mhodhail |

CAIBIDEIL 14

Duilleag 67

| | |
|---------------------|---|
| euslainteach | neach a tha tinn, gu tric ann an ospadal airson leigheas |
| cnàimh-droma | an t-sreath de chnàmhan a' ruith bhod cheann sìos do dhruim, a chumas do dhruim dìreach |

Duilleag 68

| | |
|------------------|--|
| beàrnan | àiteachan bàna, falamh; pìosan fiosrachaidh a tha a dhìth |
| taibhs | spiorad no coltas neach marbh a bhios air fhaicinn le duine beò; tannasg |
| tùchanach | le fuaim garbh, mar a bhios aig do ghuth nuair a tha droch chnatan ort |

CAIBIDEIL 14

Duilleag 69

| | |
|--------------------------|--|
| dearbhadh | rud a sheallas gu bheil na tha thu ag ràdh firinneach |
| fèill | cruinneachadh sònraichte far an tèid rudan a shealltainn agus a reic |
| teine-sionnachain | solas annasach san àile a chì daoine a tha a' siubhal air an oidhche |

Duilleag 70

| | |
|--------------------|---|
| airidh | nuair a tha thu airidh air rud, tha e iomchaidh gum faigh thu e |
| chlisg | rinn e gluasad obann, air sgàth an rud a chuala e |
| ceann-uidhe | an t-àite air a bheil thu a' dèanamh air turas |
| sgamhan | ball-bodhaig dham bi thu a' tarraing anail a-steach |

Duilleag 71

| | |
|----------------|----------------------|
| uallach | dragh |
| balbh | gun chomas bruidhinn |
| othail | fuaim mòr, ùpraid |

Duilleag 72

| | |
|----------------------|--|
| a' dìobhairt | a' cur a-mach |
| sgreamhachadh | (air) fhàgail tinn, leis cho oillteil 's a tha rud |
| air muin | a' suidhe air (each) |
| amharas | faireachdainn gu bheil rud air choreigin fìor |
| faoinsgeul | sgeulachd fhicseanail |
| leanailteach | steigeach |

CAIBIDEIL 14

Duilleag 73

| | |
|-------------------|--|
| sgaoileadh | tachartas nuair a thèid luathre neach a chur a-mach ann an àite sònraichte |
| luaithre | an stuth mìn a tha air fhàgail an dèidh do rud a bhith air a losgadh |
| cuireadh | fiathachadh, bileag ag iarraidh ort tighinn gu tachartas |
| ailse | tinneas dona sam bi cuid de cheallan sa bhodhaig ag atharrachadh, tric le bhith a' fàs gu luath agus ag adhbhrachadh chnapan |
| gnùis | aodann, dreach |

Duilleag 74

| | |
|-----------------------|---|
| sgleò | stuth mar deatach san adhar no toit nach leig leat rud fhaicinn gu soilleir |
| cas-cheumannan | fuaim cuideigin a' coiseachd |
| èigneachadh | ionnsaigh feise fhulang |
| feachd-adhair | an roinn de arm anns a bheil plèanaichean |
| lotan | leòntan, far an deach do ghoirteachadh |
| croit | meall air druim neach |

CAIBIDEIL 15

Duilleag 75

| | |
|---------------------------|-----------------------|
| ullachadh | a chur air dòigh |
| cruth-atharrachadh | atharrachadh mòr, mòr |

CAIBIDEIL 15

Duilleag 76

| | |
|---------------------------------|---|
| snàithlean | pìos fada caol de chotan no eile a chleachdas tu airson fuaigheal |
| snasail | spaideil, grinn |
| coileanta | uabhasach math, crìochnaichte gu lèir |
| fasgadh | dìon bhon aimsir |
| maor-fèille daonnaireach | fear nach buin do chreideamh traidiseanta, aig a bheil cead seirbheisean a dhèanamh do dhaonnairean |
| ceilearadh | seinn a nì eòin |
| snagan-daraich | eun a nì tuill ann an craobhan le ghob |
| stoc-craoibhe | a' chuid de chraobh às an tig na meanglain |
| briathran | faclan |
| caochladh | beachd no fios eadar-dhealaichte |

Duilleag 77

| | |
|---------------------|--|
| gleansach | deàlrach |
| àmhghar | cruadal, èiginn |
| beò-ghlacadh | ma tha thu air do bheò-ghlacadh le rud, tha thu air do tharraing gu mòr leis |

Duilleag 78

| | |
|-----------------------|---------------------------------------|
| a dh'ionnsaigh | gu far a bheil rud no neach |
| tapaidh | làidir, fallain |
| buidheachas | taingeachd |
| freastal | na thachras riut nad bheatha |
| an làthair | ann an àite nuair a thachair rudeigin |

CAIBIDEIL 15

Duilleag 79

| | |
|-------------------|--|
| grunn | àireamh nach eil ro mhòr, ach barrachd air aonan |
| ambasaid | far am bi riochdaire oifigeil aon dùthcha a' fuireach ann an dùthaich eile |
| a' tulgadh | a' gluasad bho thaobh gu taobh |
| fairge | muir |

Duilleag 80

| | |
|-------------------|--|
| stàlcadh | leantainn thairis air ùine mhòr, agus tha seo a' cur eagal no iomagain oirre |
| carthannas | coibhneas a sheallas tu do dhaoine eile, tric daoine a th' ann an droch chàs |

Duilleag 81

| | |
|--------------------|---|
| measail | ma tha thu measail no dèidheil air rud, tha e a' còrdadh riut |
| coisinn | faigh rudeigin mar dhuais, buannaich |
| dibhearsain | cur-seachad |

CAIBIDEIL 16

Duilleag 82

| | |
|---------------|--|
| nèamh | sa chreideamh Chrìosdail, far am bi daoine math a' dol nuair a bhàsaicheas iad |
| ifrinn | sa chreideamh Chrìosdail, far am bi droch dhaoine a' dol nuair a bhàsaicheas iad |

CAIBIDEIL 16

Duilleag 83

| | |
|----------------------------|---|
| onarach | a dh'innseas an fhìrinn |
| amharas | faireachdainn gu bheil rud air choreigin fìor |
| chlisg mi | rinn mi gluasad obann, air sgàth an rud a chuala mi |
| a h-uile mac màthar | a h-uile duine |
| frionasach | nearbhasach |
| rian | smachd, ciall |
| daingeann | làidir |
| nàimhdeil | le droch rùn do chuideigin, nan nàmhaidean |
| trustar | droch dhuine |

Duilleag 84

| | |
|----------------------|---|
| iomchaidh | freagarrach |
| a' meòrachadh | a' smaoinichadh gu domhainn air rud |
| lon-dubh | eun beag dubh le gob buidhe a bhios a' ceilearadh |
| gaisgeach | laoch, duine calma |
| còmhdach | an taobh a-muigh de leabhar |